

POILEASaidH GÀIDHLIG CHOMHAIRLE NAN LEABHRAICHEAN

1. RÙN NA COMHAIRLE

Dèanamh cinnteach gum bi seasmhachd aig litreachais agus foillseachadh Gàidhlig ann an Albainn san àm ri teachd.

2. AMASAN NA COMHAIRLE

'S iad amasan na comhairle:

- meudachadh àireimh luchd-leughaidh na Gàidhlig
- stiùireadh agus taic a thabhann do sgrìobhadairean agus foillsichearan Gàidhlig
- àrdachadh inbhe leabhraichean agus sgrìobhadairean Gàidhlig air feadh na h-Albann
- cuideachadh le cothroman obair chruthachail tron Ghàidhlig a libhrigeadh
- cuideachadh le àrdachadh is taisbeanadh cànan is dualchas na Gàidhlig air feadh Albann.

3. AMAS A' PHOILEASaidH

Stiùireadh a thoirt don Chomhairle air mar a dhèiligear ri cleachdadh na Gàidhlig is chànanan eile ann an obair na buidhne..

4. RO-INNLEACHD

4.1 Cur an cèill

Thèid am poileasaidh seo fhoillseachadh air pàipear agus air làrach-lìn na Comhairle airson sgaoileadh air luchd-obrach na buidhne agus air a' phoball.

Thèid lethbhreac den poileasaidh a thoirt do luchd-obrach agus do bhuill na Comhairle nuair a thòisicheas iad aig a' bhuidhinn agus gach turas a thèid am poileasaidh ùrachadh; thèid an stiùireadh chun a' phoileasaidh gach turas a dh'èireas ceist mu chleachdadh chànanan leis a' Chomhairle.

Thèid lethbhreac den phoileasaidh a thoirt do chunnradairean mus tòisich iad ag obair air coimisean airson na Comhairle gach turas a thèid am poileasaidh ùrachadh; thèid an stiùireadh chun a' phoileasaidh gach turas a dh'èireas ceist mu chleachdadh chànanan leis a' bhuidhinn.

4.2 Smachdachadh

Thèid bristeadh sam bith den phoileasaidh, a dh'èireas air sgàth gnìomharan neach-obrach na buidhne, a cheannsachadh a rèir modh smachdachaidh na Comhairle.

4.3 Measadh

Thèid am poileasaidh ath-sgrùdadh gach bliadhna air a' char as fhaide.

5. RAOINTEAN OBRACH

5.1 Gàidhlig

Thèid stuth sgrìobhte a tha ri nochdadh ann an Gàidhlig a sgrìobhadh anns a' Ghàidhlig an toiseach far an gabh seo dèanamh.

5.2 Conaltradh

5.2.1 Fàilteachas is fòn

Cuirear fàilte air daoine a' tadhal air a' bhuidhinn no a' fònadh thuice le fàilte ghoirid anns a' Ghàidhlig. Leanaidh cànan(an) a' chòmhradh a rèir freagairt is cainnt an neach-conaltraidh.

5.2.2 Sgrìobhadh

Ann a bhith a' conaltradh às leth na buidhne, sgrìobhar anns a' Ghàidhlig a-mhàin gu buidhnean aig a bheil e mar phoileasaidh brathan anns a' Ghàidhlig a fhreagairt agus gu daoine fa leth a tha air sgrìobhadh chun na Comhairle an turas mu dheireadh anns a' Ghàidhlig; ann an suidheachaidhean eile sgrìobhar mar a chithear iomchaidh.

5.2.3 Seòlaidhean

Ann a bhith a' cur litir no pacaid anns a' phost gu seòladh Albannach, ma bhios sgeul air a' chòd-phuist thèid seo a chleachdadh agus:

- thèid ainm taighe no togalaich no tuathanais a thaisbeanadh a rèir a' chànain is an riochd anns an d'fhuaradh e;
- thèid an t-ainm sràide (no ceàrn gun sràid) a thaisbeanadh anns a' Ghàidhlig ma tha aithne oifigeil ga toirt dha, mar eisimpleir le soidhne sràide;
- thèid am baile-puist a thaisbeanadh mar a tha e a' nochdadh air stòr-data aontaichte na Comhairle;
- thèid siorramachd no sgìre no eilean a thaisbeanadh mar a tha e a' nochdadh air stòr-data aontaichte na Comhairle;
- thèid bailtean no sgìrean eile anns an t-seòladh a thaisbeanadh anns a' Ghàidhlig mar a bhios freagarrach.

Mura faighear lorg air a' chòd-phuist airson seòladh Albannach, leanar 1 & 2 gu h-àrd, ach thèid an còrr a sgrìobhadh anns a' Bheurla a-mhàin.

A' cur gu dùthchannan a-mach à Albainn, cha tèid seòlaidhean a dhèanamh anns a' Ghàidhlig.

5.2.4 *Foirmean*

Thèid foirmean is ceisteachain a lìonadh ann an cànan nan ceistean. Ma tha taghadh de chànanan ann, cleachdar a' Ghàidhlig ma tha i nam measg.

5.2.5 *Litreachadh*

Ann an sgrìobhadh às leth na Comhairle, thèid Gàidhlig a litreachadh a rèir molaidhean GOC (Gaelic Orthographic Conventions, 2009) anns a' chiad dol a-mach, agus an uair sin a rèir faclair Gàidhlig Teach Yourself, seach far a bheil a' Chomhairle air a' chaochladh aontachadh.

5.2.6 *Ainmean-dhaoine*

Ann an conaltradh no suidheachadh oifigeil, thèid an t-ainm pearsanta aig neach a chleachdadh anns an riochd as dual leis an neach fhèin, ge b' e dè cànan an ainm no cànan a' chonaltraidh; no ma chleachdar leis an neach riochdan ann an diofar chànan, thèid iad sin a chleachdadh a rèir cànan a' chonaltraidh.

Ann an conaltradh no suidheachadh oifigeil, thèid an t-ainm cinnidh aig neach a chleachdadh anns an riochd as dual leis an neach fhèin ann an cànan àraidh ma tha

fios air an seo; thèid seo a chleachdadh ge b' e dè cànan a' chonaltraidh mas e sin as nòs dhan neach; air neo thèid riochd Gàidhlig no riochd eile a chleachdadh a rèir cànan a' chonaltraidh.

5.2.7 *Soidhnichean*

Thèid soidhnichean air àrainn togalaichean na buidhne a sgrìobhadh anns a' Ghàidhlig a-mhàin uiread 's a ghabhas, le feum ga chur cuideachd air suaicheantasan is comharraidhean ma bhios feum air stiùireadh a thoirt do dhaoine nach leugh Gàidhlig.

5.3 **Foillseachadh**

5.3.1 *Ath leughadh*

Thèid ath leughadh iarraidh air cuideigin air a shònrachadh ro làimh leis a' bhuidhinn mus tèid teacsa poblach Gàidhlig sam bith a chur am follais.

5.3.2 *Brathan naidheachd*

Thèid fios a leigeil chun nam meadhanan Gàidhlig anns a' Ghàidhlig, gu h-aon-chànanach no gu dà-chànanach (Gàidhlig le prìomhachas). Thèid fios a leigeil gu meadhanan eile anns a' chànan aca fhèin gu h-aon-chànanach, no ma bhios riochd Gàidhlig air ri làimh co-dhiù, gu dà-chànanach (Gàidhlig gun prìomhachas).

5.3.3 *Foillseachadh*

Thèid sgrìobhainn phoblach fiosrachaidh air a sgrìobhadh a dh'aon ghnòthach airson sgaoileadh air pàipear no air an eadar-lìon fhoillseachadh anns a' Ghàidhlig, agus ma bhios e freagarrach ann an cànanan eile.

5.3.4 *Foillseachas*

Thèid foillseachas gus mothachadh air obair na buidhne a thogail a dhèanamh anns a' chànan no cànanan a fhreagras air an iomairt agus air a' mheadhan.

5.3.5 *Sanasachd*

Thèid sanasan fhoillseachadh anns a' Ghàidhlig, agus ma bhios e freagarrach ann an cànanan eile.

5.3.6 *Sgaoileadh*

Thèid gach oidhirp a dhèanamh gus foillseachaidhean Gàidhlig is dà-chànanach na Comhairle a riarachadh air luchd-cleachdaidh agus air a' phoball. Thèid fiosrachadh eileagtronaigeach agus stoc thaisbeanaidhean ùrachadh mar a tha feum.

5.4 Modhannan Obrach

5.4.1 Cànan na buidhne

'S i, a' Ghàidhlig, cànan obrach na buidhne, agus tha dùil gun tèid a cleachdadh air gach cothrom air àrainn oifisean na Comhairle, nuair a thathas a' frithealadh àrainnean eile agus a' siubhal eatorra air sgàth na Comhairle.

5.4.2 Coinneamhan a' Bhùird

'S i, a' Ghàidhlig, cànan obrach bòrd na Comhairle, agus tha dùil gun tèid a cleachdadh air gach cothrom aig coinneamhan dhen Bhòrd no nuair a thathas a' riochdachadh na Comhairle.

5.4.3 Comataidhean

Thèid cànan obrach fo-chomataidhean a stèidheachadh leis a' chomataidh fhèin.

5.4.4 Tachartasan poblach

Thèid tachartasan poblach a chumail anns a' Ghàidhlig uiread 's a ghabhas. Thèid làn-fheum a dhèanamh de sheirbheisean eadar-theangachaidh far an gabh seo dèanamh. Thèid sanasan coinneimh fhoillseachadh anns a' Ghàidhlig, agus gu dà-chànanach ma tha dùil ri daoine nach leugh a' Ghàidhlig. Bithidh cànan gach tachartais air a dhèanamh soilleir anns an t-sanasachd.

5.4.5 Cunntas coinneimh

Thèid geàrr-chunntasan na Comhairle a chumail anns a' Ghàidhlig, le eadar-theangachadh don Bheurla airson fiosrachadh a-mhàin. Thèid cànan gheàrr-chunntasan dìomhair a stèidheachadh roimh gach coinneamh le aonta nan daoine a bhios an sàs.

5.4.6 Pàipearan coinneimh

Anns an àbhaist, thèid pàipearan coinneimh fhoillseachadh anns a' Ghàidhlig, agus gu dà-chànanach, far a bheil e a dhith, ma tha dùil ri daoine nach leugh a' Ghàidhlig.

5.4.7 *Pàipearan dìomhair*

Thèid sgrìobhainnean dìomhair fiosrachaidh no deasbaid am broinn oifis na Comhairle, gu bòrd na Comhairle no gu buidhnean maoinachaidh a sgrìobhadh anns a' Ghàidhlig ma leughas gach duine a dh'fheumas am faighinn a' Ghàidhlig – mura leugh, thèid an sgrìobhadh anns a' Bheurla.

5.5 **Sgioba Obrach**

5.5.1 *Fastadh*

Anns an àbhaist, tha leughadh is sgrìobhadh is labhairt is tuigsinn na Gàidhlig rin ainmeachadh mar sgilean do-sheachanta anns a h-uile dealbh-obrach ùr no ùraichte aig a' Chomhairle, agus thèid mothachadh a dhèanamh air na sgilean seo ann a bhith a' fastadh luchd-obrach gun dealbh-obrach. Cha tèid lagachadh air na riathanasan seo seach nuair nach rachadh seo an aghaidh feumalachdan a' phoileasaidh.

5.5.2 *Leasachadh pearsanta*

Tha e air a shùileachadh gum bi luchd-obrach na Comhairle a' sìor leasachadh an sgilean leughadh is sgrìobhadh is labhairt is tuigsinn na Gàidhlig, agus thèid seo a bhrosnachadh gu pragtaigeach leis a' Chomhairle.

5.5.3 *Taic cànan*

Thèid prògram trèanaidh agus leasachaidh a stèidheachadh gu foirmeil airson taic cànan do luchd-obrach sam bith le uireasbhaidhean aithnichte ann an sgilean leughadh, sgrìobhadh no labhairt Gàidhlig a bhios a' bualadh air an obair aca.

5.5.4 *Trèanadh*

Thèid ionnsachadh is leasachadh ann an sgilean leughaidh is sgrìobhaidh is labhairt is tuigsinn na Gàidhlig am meas mar trèanadh a tha feumail do dh'obair gach neach-obrach na buidhne.

5.5.5 *Cunnradairean*

Thèid iarraidh air cunnradairean air an coimiseanadh leis a' Chomhairle a bhith mothachail air a' phoileasaidh, agus far am bi seo iomchaidh gun gabh iad ris, no ri earrannan dheth, mar am poileasaidh aca fhèin.

6. BUAIDH AIR STÒRAS

Thathas an dùil nach bi a' bhuidhe aig a' phoileasaidh air stòras ionmhais is ùine na Comhairle ach beag, ach thathas a' gabhail ris gum faodadh dùil a bhith ri cosgais a thaobh sgrìobhadh, foillseachadh is measadh a' phoileasaidh, a thaobh fastadh no stèidheachadh seirbheisean ath-leughaidh is eadar-theangachaidh is eadar-mhìneachaidh, agus a thaobh ionnsachadh is leasachadh sgilean Gàidhlig luchd-obrach na buidhne.